



MARBHRANN DO AILIG IAIN CAIMBEUL

Mar iomadach teaghlach eile, chaill na Caimbeulaich barrachd air aon mhac sa Chogadh Mhòr. Cha bhiodh sìon a dhùil aig Mgr agus a' Bh-uas Caimbeul gun cailleadh iad mac eile ann an suidheachadh cho cianail, cho faisg air an dachaigh, an dèidh don chogadh crìochnachadh.

Chaidh am marbhrann a sgrìobhadh le Iain an dèidh dha cladach Thuilm a shiubhal airson corp a bhràthar, Ailig Iain.

**Air feasgar Dimàirt bha mòr fhàbhar leis a' ghaoith
Bha iomadh seòldair àlainn air an t-sràid an Caol Loch Aills'
Air an t-slighe gu tìr an àraich às na ceàrnaidhean bha thall
'S iad uile tighinn air fòrladh 's an cogadh mòr air tighinn gu ceann.**

**'S ann an siud a bha an t-aoibhneas ann an Caol Loch Aills' air oidhche Mhàirt
Gach seòldair is gach saighdear bu ghrinn ag imeachd sràid
Le cridhealas 's le aoighealas gu coibhneil crathadh làmh
'S iad uile air an turas mhòr gu Steòrnabhagh nan sràid.**

**Dh'fhalbh i uair a thìde ro Sheila mhòr nan tonn
Cur aghaidh air an tìr sin bu dìleas leis na suinn
Nuair chaill i a cùrs' 's ann dhìobair i, toirt sgrìob air creagan lom
'S an tighinn a-steach na bliadhn' ùir' chaidh na fùrain ud a chall.**

**'S ann siud bha sealladh bu chianail' a bhith gan iadhadh suas gu tràigh
An tràigh nach tèid à dìochuimhne dhomh gu sìorraidh ri mo latha
Mi fhìn a' falbh gad iarraidh 's mi sileadh sìos gu làr
Ach, ò, Ailig, cha robh sgeul ort a-muigh ri cliathaich caladh tàmh.**





Sa mharbhrann seo dha bhràthair Ailig Iain, tha Iain a' sgrìobhadh mun aoibhneas a bha air na fir òg eireachdail a bhith a' tilleadh dhachaigh air fòrladh an dèidh don t-sabaid sgur. Tha e a' dèanamh dealbh den chompanas eadar na saighdearan agus na maraichean ann an Caol Loch Aillse, 's iad a' feitheamh faighinn air bòrd shoithichean a bheireadh dhachaigh iad gu an teaghlaichean gràdhaichte. Tha e a' toirt iomradh air an Iolaire a' bualadh air na creagan agus a' toirt cunntas air an uabhas 's air cho troimh-a-chèile 's a bha e 's e a' sireadh a bhràthar air cladach Thuilm, sealladh nach deigheadh às à chuimhne gu bràth.

Cha deach corp Ailig Iain a lorg a-riamh.

Bhàsaich Iain leis a' chaitheimh (TB) sa Mhàrt 1920.



GNÌOMHAN

Cuir dath air
faclan air nach
eil thu eòlach.

Dèan liosta a rèir
na h-aibidil de
dh'fhaclan air nach
eil thu eòlach.

Sgrìobh mìneachadh
airson gach facal.
Cleachd faclair ma
dh'fheumas tu.

Cleachd am facal
ann an seantans
gus tuigse a shealltainn.

Smaoinich, Bruidhinn
ri caraid, Freagair:
beachdaich còmhla
ri caraid air dè tha na
h-abairtean air na cairtean
a' ciallachadh.

Tagh 2-3 abairtean
agus sgrìobh mu aon phàirt
den mhòr-thubaist.
Cuir na h-abairtean a tha thu
air ionnsachadh ann am pìos
sgrìobhaidh leudaichte.

NA CAIMBEULAICH

fàbhar	cuideachadh
ag imeachd sràid	a' coiseachd air an t-sràid
crìdhealas	toileachas agus deagh shunnd
aighealas	coibhneas
fiùrain	fìr òg ghrinn
iadhadh	cruinneachadh
mi sìleadh sìos gu làr	le deòir a' sruthadh
suinn	laoich, gaisgich



ABAIRTEAN

iomadh seòldair àlainn

air an t-slighe gu tìr an àraich

às na ceàrnaidhean bha thall

air tighinn gu ceann

cur aghaidh air an tìr

nuair chaill i a cùrs'

creagan lom

's ann siud bha sealladh bu chianail

gan iadhadh suas gu tràigh

mi sileadh sìos gu làr